

Òrdugh Colaiste a' Chaisteil (Gluasad & Dùnadh) 2023

Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean (ICIA)

MEASADH BUaidH AIR COIMHEARSNACHDAN NAN EILEAN

Ainm a' Phoileasaidh, na Ro-innleachd no na Seirbheis

Òrdugh Colaiste a' Chaisteil (Gluasad & Dùnadh) 2023

AMASAN A' PHOILEASaidH

1. Dè na h-amasan a tha aig a' phoileasaidh, ro-innleachd no seirbheis?

Is e an t-amas Colaiste Ceann a Tuath na Gàidhealtachd agus Colaiste a' Chaisteil a chur còmhla le bhith a' dùnadh Colaiste a' Chaisteil agus a' gluasad a cuid seilbh, chòraichean, uallaichean agus dhleastanasan gu Colaiste Ceann a Tuath na Gàidhealtachd.

2. Dè na buaidhean no na builean a thathas a' sùileachadh?

Is iad na builean a thathas a' sùileachadh le bhith a' cur nan colaistean còmhla:

- Gum bi buidheann aon-fhillte ann a tha seasmhach a thaobh ionmhais.
- Fàs a thoirt air a' churraicealam.
- Fàs a thoirt air rannsachadh agus iomlaid eòlais.
- Cothroman meudachaidh a ghabhail.
- Piseach a thoirt air foghlam nan oileanach.
- A' dèiligeadh ri prìomhachasan agus cothroman caochlaideach agus duilgheadasan eaconamach.

3. Ciamar a dh'fhaodadh na buaidhean seo a bhith eadar-dhealaichte eadar coimhearsnachdan tìr-mòr agus Eileanach?

Tha na pàrtaidhean aonaidh air innse gun toir an t-aonadh aire do shuidheachadh sònraichte coimhearsnachd nan eilean.

LUCHD-ùIDH & DÀTA

4. Dè am fiosrachadh a tha ri fhaotainn mun t-suidheachadh anns na h-eileanan an-dràsta?

Tha 4 ionadan aig Colaiste a' Chaisteil an-dràsta ann an: Steòrnabhagh, Uibhist a Tuath, Beinn na Faoghla agus Barraigh. Tha e cuideachd na pàirt de cho-iomairt ann an Uibhist a Deas. Tha Ceòlas Uibhist (buidheann a tha an sàs ann an cultar, dualchas is ealain na Gàidhlig) agus Colaiste a' Chaisteil nan com-pàirtichean ann an Cnoc Soilleir, ionad airson ceòl, dannsa agus cultar na Gàidhlig.

5. Am feum sibh co-chomhairle a chumail?

Rinn Riaghaltas na h-Alba co-chomhairle mun mholadh seo.

6. Cò iad am prìomh Luchd-ùidh agaibh?

Bùird cholaistean, oileanaich, comann oileanach, luchd-obrach agus aonaidhean ciùird.

7. Ciamar a tha dàta sam bith a tha ann mar-thà eadar-dhealaichte eadar eileanan?

Is i Colaiste a' Chaisteil an tè as lugha de na 3 colaistean a tha am beachd a dhol còmhla. Chan eil fianais sam bith ann gu bheil an dàta eadar-dhealaichte eadar eileanan sna h-Eileanan Siar.

8. A bheil feartan dealbhaidh no lasachaidhean ann mar-thà?

Tha na pàrtaidhean a tha a' tighinn còmhla air gealltainn a bhith ag obair còmhla ri Ro-innleachd nan Eilean, a' dèanamh cinnteach gu bheil toraidhean bho Sgrùdaidhean Sgìlean Eileanach gam filleadh a-steach don churraicealam ùr aca.

CO-CHOMHAIRLEACHADH

9. An deach fiosrachadh a chruinneachadh mar-thà tro choinneamhan a bha ann roimhe?

Rinn na pàrtaidhean a tha a' tighinn còmhla a' chiad cho-chomhairleachadh tràth ann an 2022. Às dèidh seo chaidh co-chomhairleachadh poblach 10 seachdainean a ruith eadar 8 Lùnastal 2022 agus 14 Dàmhair 2022. Sa cho-chomhairleachadh seo bha:

- Tachartasan fiosrachaidh air-loidhne
- Cothroman cèilidh air a' cho-òrdanaiche aonaidh thar àrainnean agus ionadan ionnsachaidh
- Rannsachadh-beachd airson luchd-obrach, oileanaich, agus am poball
- Cairtean beachd aig àrainnean agus ionadan ionnsachaidh
- Buidhnean fòcas luchd-obrach
- Cothroman cabadaich do dh'oileanaich
- Tachartasan conaltraidh agus coinneamhan luchd-ùidh bhon taobh a-muigh

Chùm Riaghaltas na h-Alba co-chomhairleachadh 10 seachdainean mun aonadh a bhathas a' moladh, a bha a' ruith eadar 24 Gearran agus 5 Cèitean 2023 agus a fhuair 21 freagairt.

10. Beachdan choimhearsnachdan eileanach - Fiosrachadh ga chruinneachadh tro cho-chomhairleachaidhean

Na h-Eileanan an Iar

Chuir Comhairle nan Eilean Siar an litir a chuir iad a-steach mun cho-chomhairleachadh a rinn na colaistean a tha a' tighinn còmhla as t-fhoghar 2022 mu choinneamh Riaghaltas na h-Alba. Is iad na prìomh phuingeannan san litir seo:

- Dleastanas frithealadh air feumalachdan foghlaim choimhearsnachdan eileanach.
- Cho cudromach 's a tha Measadh Buaidh air na h-Eileanan.
- Dreuchdan gan riarachadh gu cothromach agus gun an cumail sa mheadhan.
- Cho cudromach 's a tha guth a bhith aig eileanan, tro bhòrd comhairleachaidh ionadail, aig ìre Bòrd na Colaiste ùire.
- Cuideam air a' Ghàidhlig.
- Co-ionannachd a thaobh ghoireasan – tro Shlighe Neach-ionnsachaidh 15-24 is Slighean Adhartais is Measadh airson Tràth-ionnsachaidh.
- Cho cudromach 's a tha ionadan ionnsachaidh ionadail.

MEASADH

11. A bheil ur measadh a' comharrachadh bhuidhean sònraichte sam bith air coimhearsnachdan eileanach?

- Àireamh sluaigh
- Eaconamach
- Gàidhlig
- Sòisealta

Tha Colaiste a' Chaisteil nas iomallaiche na tha na colaistean eile san aonadh a thathar a' moladh, le dùbhlain còmhail sònraichte nach buail air coimhearsnachdan tìr-mòr, ge bith dè cho iomallach agus a tha iad.

Is ann anns na h-Eilean Siar a tha an àireamh as àirde de luchd-labhairt na Gàidhlig san dùthaich.

12. A bheil am measadh a' comharrachadh chnapan-starra no bhuidhean nas fharsaing?

Chan eil

13. A bheil lasachaidhean ann mar-thà airson nam buidhean sin a chaidh a thogail?

Tha na pàrtaidhean a tha a' tighinn còmhla air innse nach eil planaichean aca an-dràsta airson a bhith a' dùnadh ionadan far a bheil ionnsachadh ga thoirt seachad, no cùrsaichean sam bith a tharraing a-mach à àite sam bith. Le sin, chan fheum oileanaich a bhith a' siubhal no gluasad airson chùrsaichean, agus mar sin cha bhi buaidh air gnothaichean còmhail.

Tha gealltanais ann an cùis gnìomhachais nan trì colaistean, na buidhnean a tha a' tighinn còmhla, gus cothrom air foghlam Gàidhlig a thoirt air adhart air feadh nan Eilean Siar agus an Eilein Sgitheanaich a bharrachd air tìr-mòr na Gàidhealtachd.

Tha gealltanais foillsichte ann airson Comataidhean Comhairleachaidh Ionadail a chruthachadh, aon airson gach sgìre colaiste a bha ann roimhe, is e am fear iomchaidh an seo Comataidh Comhairleachaidh Ionadail nan Eilean Siar. Bidh àiteachan aig gach cathraiche agus iar-chathraiche gach Comadaidh Comhairliche Ionadail air bòrd na colaiste aonaichte ùire.

14. A bheil lasachaidhean nan àite airson nam buaidh a tha air an comharrachadh agus air an ainmeachadh gu h-àrd bho luchd-ùidhe agus co-chomhairleachaidhean coimhearsnachd?

Tha gealltanais ann bhon phàrtaidh a tha a' tighinn còmhla gus aire a thoirt do riatanasan sònraichte nan eilean.

15. A bheil an fhianais a' nochdadh diofar shuidheachaidhean no diofar mhiannan no feuman, no fèin-fhiosrachaidhean no builean eadar-dhealaichte eadar diofar bhuidhnean? (leithid ìrean toileachais, no ìrean com-pàirteachaidh eadar-dhealaichte)?

Chan eil

16. A bheil coltas ann gum faicear na buaidhean eadar-dhealaichte sin?

Chan eil seo a' bualadh air an t-suidheachadh seo.

17. A bheil na buaidhean sin gu math eadar-dhealaichte?

Chan eil

18. Am faodadh a' bhuidhean ana-cothrom adhbharachadh do choimhearsnachd eileanach an taca ri tìr-mòr neo eadar buidhnean de dh'eileanan?

Chan fhaodadh

19. Comharraichibh goireasan a dh'fheumar gus builean airson Coimhearsnachdan eileanach a leasachadh no a lasachadh.

Tha Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (SFC) air innse gu bheil iad dòchasach gun cruthaich an t-aonadh buannachdan mòra do dh'oileanaich, luchd-obrach agus luchd-ùidhe.

Dh'innis am Bòrd Eadar-ghluasaid a stèidhich na colaistean a tha a' tighinn còmhla nach eil planaichean ann an-dràsta gin de na h-ionadan stèidhichte anns na h-Eileanan a dhùnadh agus nach eil planaichean ann an-dràsta cùrsaichean clasa a ghluasad gu ionnsachadh air-loidhne, agus nach eil planaichean aca an-dràsta cùrsaichean clasa a ghluasad.

Dh'innis am Bòrd Eadar-ghluasaid cuideachd nach eileas den bheachd gum bi barrachd gluasad oileanaich ann, a bhios a' ciallachadh nach bi buaidh sam bith air àireamhan oileanaich a chleachdas aiseagan, no buaidh sam bith air àireamhan oileanaich a tha a' sireadh àite-fuirich, mar thoradh dìreach air an aonadh. Tha e cudromach a bhith mothachail ge-tà ma shoirbhicheas leis a' cholaiste aonaichte gus barrachd oileanaich a thàladh, gum faodadh sin a bhith ag adhbharachadh àireamhan a bharrachd de dh'oileanaich a bhith a' siubhal agus a' coimhead airson àite-fuirich.

Tha an argamaid ghnathachais airson an aonaidh a' gealltainn trì Comataidhean Comhairleachaidh Ionadail a stèidheachadh, aon airson gach colaiste aonaichte. Bidh àiteachan aig gach cathraiche agus iar-chathraiche gach Comadaidh Comhairliche Ionadail air prìomh bhòrd na colaiste aonaichte ùire. Cuidichidh seo le bhith a' cumail suas ceangal agus taic ionadail, bho na h-eileanan, don cholaiste.

Tha gealltanais sa chùis ghnathachais taic a thoirt do leasachadh foghlam luchd-teagaisg na Gàidhlig agus barrachd chothroman airson foghlam Gàidhlig.

20. Am bu chòir dòighean lìbhrigidh/lasachaidh a bhith eadar-dhealaichte ann an diofar choimhearsnachdan eileanach?

Cha bu chòir

21. Am feumar tilleadh gu com-pàirtichean a' cho-chomhairleachaidh a thaobh dòighean-obrach no lasachaidhean?

Chan fheum

22. An deach suidheachadh nan eilean a thoirt a-steach don phròiseas mheasaidh?

Chaidh

23. An deach comharran/amasan sònraichte eileanach a chomharrachadh a dh'fheumas sgrùdadh?

Cha deach

24. Ciamar a thomhaisear builean anns na h-eileanan?

Cumaidh a' cholaiste ùr sùil air na builean agus bidh an SFC an dùil gun cum UHI, mar a' Bhuidheann Ro-innleachdail Roinneil, sùil air lìbhrigeadh, toileachas luchd-ionnsachaidh agus builean mar phàirt den aonta mhaoiniachaidh aice leis a' cholaiste ùir.

25. Ciamar a bhuail am poileasaidh, ro-innleachd no seirbheis air choimhearsnachdan eileanach?

Cha bu chòir lùghdachadh sam bith a bhith ann air cothroman foghlaim agus san fhad-ùine bu chòir gum faicear àrdachadh ann an cothroman.

26. Ciamar a chuireas leasan an a dh'ionnsaichear san ICIA seo fiosrachadh ri dealbhadh poileasaidh agus libhrigeadh seirbheis san àm ri teachd?

Chan eil seo a' bualadh air an t-suidheachadh seo.

A' FOILLSEACHADH ICIA

Foillsichear an ICIA sa Ghàidhlig air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba

ICIA air a chrìochnachadh le
Màiri Maxwell

Dreuchd
Prìomh Oifigear Poileasaidh

Ainm-sgrìobhte agus ceann-là

May Maxwell

12/5/23

ICIA le ùghdarras
Adhamh Reid

Dreuchd
DD – Sgilean; Ionnsachadh Fad-beatha & Saidheans

Ainm-sgrìobhte agus ceann-là

Adhamh Reid

23/5/23



© Crown copyright 2023



This publication is licensed under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated. To view this licence, visit nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3 or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk.

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

This publication is available at www.gov.scot

Any enquiries regarding this publication should be sent to us at

The Scottish Government
St Andrew's House
Edinburgh
EH1 3DG

ISBN: 978-1-83521-708-5 (web only)

Published by The Scottish Government, November 2023

Produced for The Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA
PPDAS1347282 (11/23)

W W W . g o v . s c o t